

THE WILD ESCAPE AT CAMPBELTOWN MUSEUM

GAELIC WILDLIFE

Coileach-coille:

Is e eun-oidhche a tha sa Choileach-choille agus bidh e a' biathadh ann am boglaichean agus ann an claisean san oidhche, a' briogadh an eabair le ghob fada. Tron là, tha na h-itean caimheanach aige ag obrachadh mar riochd-brèige. San àm a dh'fhalbh chaidh itean-fàis a' choilich-choille a chleachdadh le luchd-ealain, seach gun robh luach mòr air bioran finealta air bruisean gus mionaideachd a ghlacadh ann an dealbhan.

Cearc-thomain:

Tha crìonadh mòr air tighinn air àireamhan an eòin seo, a bha gu math cumanta is pailt uair a bh' ann, tron a' chuid as motha den raon aice agus tha i mar ghnè air a' Chlàr Dhearg. Tha an t-iteach aice ag obrachadh mar riochd-brèige, agus tha e doirbh fhaicinn le talamh lom air a cùlaibh.

Guilbneach:

Agus e cumanta air a' chladach agus anns a' mhonadh, thathar air Freiceadan a' mhonaidh a ghabhail air an eun seo seach gum bi e a' toirt rabhadh gu bheil a chuid nàimhdean a' tighinn. Sa gheamhradh, chì thu guilbneach a' biathadh ann am buidhnean air lathach an làin, san fheur-rèisg agus ann am fearann-tuathanais faisg air làimh.

Easag:

Buinidh an easag do dh'Àisia bho dhùthchas agus chaidh a toirt a-steach dhan Roinn Eòrpa leis na Ròmanaich. Theagamh gun tàinig easagan dhan RA leis na Normanaich san 11mh linn, ach thathar den bheachd gu cumanta gun tàinig iad a dh'Alba, bho roinn na Mara Duibhe, anns an 16mh linn.



Gocan-gorm:

Tha an Gocan-gorm air aon de na h-eòin-gàrraidh as motha air a bheil dèidh ann am Breatann agus tha e an làthair fad na bliadhna. Is toigh le gocanan-gorma ithe agus nì iad sealg air fiolanan is damhain-allaidh, ach tha iad clis agus tha iad air mùthadh a rèir nam bailtean agus tadhlaidh iad air bùird-eun ann an gàrraidhean agus brisidh iad bàrr bhotal-bainne gus an t-uachdar fhaighinn.

Clamhan-ruadh:

Chìthear an clamhan-ruadh gu bitheanta air an tuath agus a-nis sna bailtean, agus is toigh leotha daolagan, luchan agus famhalain ithe. Tha àireamhan nan clamhan-ruadh air a dhol sìos bho na 1970an. Tha iad gan rangachadh san RA mar Òmar fo Eòin Cùraim Ghleidhidh4: Clàr Dearg nan Eun (2021).

Nathair-challtainn:

Tha an Nathair-challtainn coltach ri nathair fhèin ach is e th' innte earc gun chasan a mhaireas 20 bliadhna mar chuibheas. Tha nathraichean-calltainn gun chron agus nì iad tòrr mathais le bhith ag ithe sheilcheagan is fhiolan. Tha iad gan dìon gu laghail agus a' fuireach ann an àiteachan dubharach is fionnar.

Feadag-bhuidhe:

Seo eun-mòintich air a bheil, as t-samhradh, ceann is druim caimheanach buidhe. Bidh iad a' neadachadh air a' bhàr am measg fraoich is feòir. Bidh an fheadag bhaineann a' breith mu cheithir uighean agus bidh a' mhàthair is an t-athair le chèile a' gabhail cùram nan isean.

Ullaid:

Bidh ullaidean a' neadachadh ann an craobhan còsach, no ann an togalaichean a-muigh leithid sabhalan is bàthaichean le slighean-itealaich fhollaiseach os cionn achaidhean. Bidh iad a' breith an cuid uighean air gràinneanan de bhian is de dh'itean gun chnàmhadh. Chaidh an ullaid seo a lorg marbh aig Ceann mu Dheas agus a thoirt mar thiodhlac dhan taigh-tasgaidh.



Nathair:

Tha an Nathair car cumanta ann an Cinn Tìre. Is toigh leatha blianadh anns a' ghrèin mu dhìgean-cloiche no air bruaichean-fraoich. Bidh i a' biathadh air èoin bheaga, leithid uiseagan is gocamain, a bhios a' neadachadh anns an talamh. Bheir i leatha an cuid uighean cuideachd, agus luchan is losgannan òga. Tha a' bhid aice marbhtach do bheathaichean beaga ach chan eil mar as trice do dh'ìnbhich dhaonna.

Uiseag-sneachda:

Bidh an Uiseag-sneachda a' tadhal sa gheamhradh bho Chrìoch Lochlainn agus bhon Ruis. Is e èoin gu math sòisealta a th' anna agus bidh iad a' biathadh air dearcan, fiolanan is an leithid. Tha an t-ainm Beurla orra 'fieldfare' a' tighinn bhon fhacal Angla-Shagsannais 'fieldware' a tha a' ciallachadh 'siùbhlaiche nan achaidhean'.

Calman-coille:

Ged a nì an calman-coille milleadh mòr nuair a dh'itheas e sìol is bàrr uaine, tha e cuideachd ag ithe bhratag a nì cron agus sìol luibheanaich. Is e an calman as motha agus as cumanta san RA.

Speireag:

Tha an Speireag air aonan de na h-èoin-chobhartaich as lugha ann an Alba, agus tha an t-eun fireann fada nas bige na an t-eun boireann. Tha an Speireag na sealgair barraichte agus bidh i ag itealaich air callaidean is preasan. Is e èoin bheaga a bhios iad ag ithe mar as trice, agus uaireannan ialtagan.

Steàrnag-choitcheann:

Thathar a' gabhail "Gòbhlan-mara" air an eun ghrinn seo uaireannan leis gu bheil earball gòbhlach agus itean fada biorach oirre. Tha aonan de na h-imrichean as fhaide de na h-èoin air fad ann am Breatann aig na steàrnagan-coitcheann, le turas mun cuairt de suas ri 35,000km sa bhliadhna mar chuibheas aice agus faodar a faicinn as t-samhradh.



Gearradh-breac:

Tha an Gearradh-breac an làthair fad na bliadhna. As t-samhradh, 's ann dubh a tha an t-eun seach bad geal leathann air na h-itean aige. Thathar a' gabhail "Ducair" air an eun seo air an Tairbeart, Loch Fine. Tha an t-eun sònraichte seo air iasad bho Thaignean-tasgaidh Ghlaschu.

Falcag:

As t-earrach agus as t-samhradh, bidh an Fhalcag a' tighinn air tìr gus sìolachadh. Aig an àm seo, faodar an lorg mun chuid as motha de dh'oir na mara ann am Breatann, ach 's fheàrr leatha ceann a tuath agus ceann an iar na h-Alba, far am bi i a' breith na h-aon uighe aice air creagan loma. Sa gheamhradh, bidh iad a' dol air an imrich dhan Chuan Shiar a Tuath.

Ròn-dubh

Thathar a' gabhail Ròn-acarsaid air an ròn-dhubh uaireannan seach gum bi e ag èirigh ann an uisgeachan fasnach agus a-staigh san tìr. Tha e fada nas lugha na an Ròn-mòr no an Ròn-glas. Bidh e ag ithe iasg, chrùbagan agus chrosgagan. Tha iomadh seanchas, òran agus dàn a bhuineas ris an ròn, feuch an tèid agad air gin dhiubh a lorg.

Sùlaire (Amhsan):

Bidh sùlairean a' sìolachadh ann an tuineachaidhean mòra far am bi iad a' gur na h-aon uighe aca len casan.

Tha an tuinneachadh-sìolachadh as motha de shùlairean air a' Bhàs ann an Linne Giùdain, às a tha an t-eun a' faighinn an ainm air Bassana. Thathar den bheachd gu bheil Sùlaire a' tighinn bhon t-Seann Lochlannais, a' ciallachadh "sgoiltean", a thug tuairisgeul air bàrr-sgèithe dubha follaiseach thairis air a chèile air an eun air spiris.



Fulmair

Tha am Fulmair daonnan far a' chladaich ach nuair a tha e a' sìolachadh, far am faighear e san lìonmhorachd as motha timpeall air na creagan air oirthir na h-Alba, gu sònraichte sna h-Eileanan a Tuath agus sna h-Eileanan an Iar. Tha iad càirdeach dhan albatross agus bidh iad ag itealaich gu h-iseal os cionn na mara air itean raga. Dìonaidh iad na nid aca le bhith a' tilgeil smugaid de dh'ola bhreun air fòirnearan.

Seabhag-ghorm

Tha an t-seabhag-ghorm na faolchon clis, ealamh agus cumhachdach le itean biorach fada, leathann. Tha "feusag-bheòil" car follaiseach a' dol an aghaidh an aodainn ghil aice. Tha an t-Seabhag-ghorm, a nead agus a cuid uighean gan dìon gu daingeann leis an lagh. Bidh e a' dèanamh sealg air eòin eile air iteig, gu tric a' dàibheadh ann an "cromadh", nuair a thèid aice air dol aig astar suas ri 320k san uair (200 mìle san uair)!

Fitheach

Is e am Fitheach an t-eun as motha de na feannagan. Tha e dubh gu lèir agus tha earball air chumadh daoimein air nuair a tha e air ite. Bidh fithich ag obair ann an càraidean no ann am buidhnean-teaghaich agus cha mhòr nach ith e càil sam bith. Tha iad, mar a tha na feannagan uile, seòlta is innleachdail.

Is e an t-eun as motha air an spiris anns an t-saoghal a th' anna!

Colcach

Bidh a' cholcach a' tadhal sa gheamhradh, ann an àireamhan beaga, air na h-uisgeachan timcheall air an RA; san taobh an ear air a' chuid as motha. As t-earrach agus as t-samhradh, gheibhear i san raon-shìolachaidh aice san Artaig.



Eun-dubh an Sgadain:

Cha bhi eun-dubh an sgadain a' tighinn a laighe ach gus neadachadh air bile nan creag, a' cur seachad a' chuid eile de bheatha aig muir, far a bheil e ann an cunnart gu mòr bho shileadh ola. Tha e dubh-dhonn agus geal, gun a bhith cho dubh ris a' choltraiche car coltach ris agus le gob nas bioraiche.

Comhachag-chluasach :

Is e a th' ann an "cluasan" an eòin seo ann an da-rìribh badagan de dh'itean agus cha mhòr gu bheil iad rim faicinn. Bidh e a' còmhnaidh ann an Cinn Tìre agus a' fuireach air a' mhòintich, ann am boglaichean agus air na slèibhtean. Bidh e a' neadachadh air an làr agus a' gnìomhadh tron là.

Corra-ghrithreach:

Chìthear a' chorra-ghrithreach gu tric a' lìogaireachd tron tanalach a' sealgairachd airson creiche. Ithidh iad cha mhòr a h-uile h-iasgan, beathach no eun. An làthair ann an Cinn Tìre fad na bliadhna.

Coileach-tràgha:

Tha casan gu math dearg air a' choileach-thràgha. Tha iad pailt air a' chladach agus bidh iad a' biathadh air fiolanan, seilcheagan, carrachanan agus moileagan, le bhith a' briogadh na h-ùrach agus a' chlàbair len goban.

Farspag:

Tha goban mòra, cumhachdach air na Farspagan. Tha i a' marbhadh eòin nas lugha, lachagan-Lochlannach gu h-àraidh, gu garg. Bidh e cuideachd a' biathadh le bhith a' gabhail brath air cothrom agus nì e ruaig air soithichean-sgudail an tòir air ablach (feòil).



Trilleachan-beag:

Tha an trilleachan-beag an làthair air oirthir na RA fad na bliadhna. Bidh an àireamh dhiubh a' dol am meud aig diofar amannan den bhliadhna le sgaothan de dh'èoin-imrich à Ceann a Tuath na h-Eòrpa agus na dhèidh sin à Canada is Graonlainn a' siubhal seachad. Bidh an trilleachan-beag a' tionndadh chlachagan air cladaichean carrach, a' siubhal dheargannan-tràgha agus shligichean beaga.

Curracag:

Thathar a' gabhail adharcan-luachrach air an eun seo cuideachd. Bha an t-eun seo gu math bitheanta uair a bh' ann air fearann-tuathanais ach tha crìonadh nach beag air tighinn air o chionn beagan bhliadhnaichean, cho mòr ri 40 gu 50 às a' cheud, ri linn atharrachaidhean air dòighean-tuathanachais. Rud a tha duilich, tha e air Clàr Dearg nan eun ann an cunnart mòr san RA a-nis.

Gille-brìde:

Tha an t-eun cuideachdail seo ri lorg ri oir na mara air feadh na RA, aig gach àm den bhliadhna. Sa gheamhradh, bidh iad a' falbh ann an sgaothan dhan taobh an ear agus gu tric bidh gillean-Brìde air imrich à Crìoch Lochlainn a' dol nam measg. O chionn caogad bliadhna, tha barrachd dhiubh air tòiseachadh air gluasad a-steach san tìr gus sìolachadh. Cha bhi iad ag ithe eisirean, ach a' cleachdadh nan gob aca gus sligean fheusgan fhosgladh agus bàirnein a bhualadh far nan creag.

Seabhag-bheag ghlas:

Is e seo an t-eun-creiche as lugha san RA. Bidh i a' biathadh air a' chuid as motha air eunanan leithid Gocanan-cuthaige agus Clacharanan. Chan eil iad seo bitheanta ann an Cinn Tìre agus thathar gan rangachadh mar chuairtear-geamhraidh, ach tha iad an làthair fad na bliadhna ann an Ìle is Diùra a bharrachd air Aontroim. Tha an t-Seabhag-bheag ghlas ann an cunnart gu mòr, ge-tà, an dèidh crìonadh mòr air na h-àireamhan dhiubh aig deireadh na 20mh linn, agus tha i air a' Chlàr Dhearg agus tha i mar ghnè air Pàipear-taice 1 ann an Achd nam Fiadh-bheathaichean agus na Dùthcha.



Muir-ghèadh:

Bidh am muir-ghèadh a' tadhal uair ainneamh sa gheamhradh air an RA, anns a' cheann an ear-dheas air a' chuid as motha. An-diugh, gheibhear an ealtainn as motha sa gheamhradh faisg air an Eaglais Bhric. Bidh an t-eun a' siolachadh ann an Siberia agus Ceann a Tuath na h-Eòrpa.

Faoileag a' chinn dhuibh:

Chan eil an t-eun seo dubh ann an da-rìribh – ma sheallas tu gu dlùth, chì thu gu bheil e gu math donn. Gu dearbh, airson mòran den bhliadhna, tha ceann bàn oirre! Chan e dìreach “faoileag” a th' innte agus gheibhear i cha mhòr a h-uile h-àite astaigh san tìr. Chithear i mar as trice ann am buidhnean no badan beaga.

Luatharan-gainmhich:

A' tadhal uair ainneamh sa gheamhradh air Cinn Tìre bhon àite-shìolachaidh aige san Artaig. 'S fheàrr le luatharanan-gainmhich fidean mòra ri oir na mara leithid Linne Shalmhaigh, far am bi iad a' biathadh air maorach is boiteagan. Tha iad an cunnart gu sònraichte bho bhacaidhean-oirthire, atharrachaidhean air ìre na mara agus buaireadh le mac an duine.

Buthaid:

Cha ghabh mearachd dèanamh air buthaidean, gu sònraichte as t-samhradh nuair a bhios dathan soilleir air na goban aca. Tha 'glaic' seo na mara air aon de na h-eòin as motha air a bheil dèidh san t-saoghal, ach leis an dara cuid de dh'àireamhan na RA aig dìreach beagan làraichean, is e gnè air a' Chlàr Dhearg a th' innte. Bidh i a' biathadh air iasg, siolanan gu sònraichte. Is e Seumas-ruadh no gille-bog a thathar a' gabhail mar ainm air an fheadhainn bheaga!



Muir-bhuachaille:

Is e am Muir-bhuachaille an Dàibhear as motha ann am Breatann agus bidh e a' tadhal sa gheamhradh air a' chuid as motha agus e ri fhaicinn mu oir na mura agus tha e buailteach a bhith na nàdar bho dhùthchas. Sa gheamhradh agus as t-samhradh, bidh am Muir-bhuachaille ag atharrachadh an itich aige agus sa gheamhradh, bidh an sgòrnan aca a' fàs geal agus an druim a' fàs glas. Tha e ga dhìon fo Phàipear-taice 1 ann an Achd nam Fiadh-bheathaichean agus na Dùthcha.

Air a thoirt mar thiodhlac le T. Eaglesome, Peighinn an Inbhir

Cearc-uisge:

Gheibhear a' Chearc-uisge air lochan far am bi e a' togail nead mòra. Tha riaghailt-bhidhe fharsaing aca anns a bheil lusan-uisge, sìol, measan, feur, fiolannan, seilcheagan, boiteagan agus iasganan. Bidh cearcan-uisge a' snàmh le clisgeadh car neònach den earball. Feuch an tèid agad air tè dhiubh fhaicinn sa phàirc ionadail agad.

